

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 50 • Am Màrt 2014 • March 2014

FÈIS INBHIR NARAINN AIG 10



Tha Fèis Inbhir Narainn air deich bliadhna a chomharrachadh le latha loma-làn ciùil is fealla-dhà dhan teaghlach air fad ann an Talla Coimhearsnachd Inbhir Narainn.

Taobh a-staigh aon latha gu math trang ghabh còrr is ceud neach, an dà chuid clann agus inbhich, pàirt ann an caochladh seòrsa bhùth-obrach, nam measg seinn ann an co-sheirm, 'Don't fret with frets', fideag, òrain Ghàidhlig, òrain Albais agus seiseanan obair-còmhlain aig gach ìre de chomas.

A bharrachd air sin chaidh Fèis Bheag a chumail airson a' chiad turais is deichnear chloinne a' gabhail pàirt anns an t-seisean le ealain, geamaichean is òrain agus a' togail facal no dhà dhen Ghàidhlig na chois.

An uair sin thàinig an sluagh cruinn còmhla gus na dh' ionnsaich iad a chluich dha chèile. Ghabh an Fhèis Bheag pàirt cuideachd le bhith a' taisbeanadh nam modailean crèadha aca. Fhuair eadh cothrom an uair sin èisteachd airson a' chiad uair ri port ùr a sgrìobh Mike Vass a dh'aona-ghnothach airson a' chinn-latha chudromaich seo. Thàinig cèic gu math ceòlmhor a-mach agus lean iad orra le Cèilidh Teaghlach gus an latha a thoirt gu ceann.

Fèis Inbhir Narainn has celebrated its tenth birthday with a jam-packed day of music and fun for the whole family and even a new birthday tune. Over 100 children and adults filled Nairn Community Centre for a wide variety of workshops and classes. There was also a Fèis Bheag ('Wee Fèis') for the first time catering for young children aged 5 to 7.

Chair of Fèis Inbhir Narainn Jim Falconer was delighted with the day: "It's been a great day and it's wonderful to reach ten years. I'd like to thank every committee member, helper and tutor who has been involved over the years. I'd like to give a special thank you to Rhona MacDonald, the co-ordinator, who does so much for the Fèis. I'd also like to thank Mike Vass for the lovely new tune he has composed for us."

Fèis Inbhir Narainn's attention has now turned to its busy programme of continuing classes. Each week during the school term the Fèis runs fiddle, accordion, tin whistle, chanter, pipes, guitar and keyboard classes: you can find out more at www.feisinhirnarainn.com or contact Rhona on 01667 462681 or feisinhirnarainn@feisean.org.

Ann an iris seo:

Fèis Inbhir Narainn @ 10	1
Fèis Tìr an Eòrna @ 25	1
Fèis Innis an Uillt	2
Cèilidh Trail Blog	2
Fèisgoil	3
Youth Music Initiative.....	3
Sgoil Shamhraidh Dhràma	4
Buill a' Bhùird	4
FnG AGM & Conference	4



FÈIS TÌR AN EÒRNA @ 25

O chionn 25 bliadhna chaidh Fèis Tìr an Eòrna a stèidheachadh ann an Uibhist a Tuath, a' toirt cothrom do chlànn oideachadh fhaighinn thar seachdain as t-samhradh ann an iomadh diofar ionnsramaidean agus cuspair a bha a' buntainn ri dualchas na Gàidhlig. Thèid a' chlach-mhìle shònraichte seo a chomharrachadh fad seachdain na Fèise am bliadhna, bhon 30mh den Ògmhios chun 4mh den Iuchar.

Bidh luchd-teagaisg cliùiteach a' toirt seachd leasan air beartas ionnsramaidean fad na seachdain, nam measg bogsa-ciùil, clàrsach, drummaichean, feadan, fideag, fidheall, giotàr agus meur-chlàr. Bidh cothrom aig a' chlànn òrain Ghàidhlig ionnsachadh agus na sgilean meadhanan aca a leasachadh. Cuideachd, bidh cothrom aca dràma agus ealain ionnsachadh cho math ri iomain a chluich. Thèid cèilidh mòr a chumail ann an sgìre Shollais ann an teanta mhòr air a' mhachair far am bi compàirtichean na Fèise thar nam bliadhnaichean a' cruinneachadh gus taisbeanadh a dhèanamh air na sgilean ciùil a thog iad aig Fèis Tìr an Eòrna. Bidh cuireadh cuideachd aig buill chomataidhean nam bliadhnaichean a dh'fhalbh a bhith an làthair.

FÈIS INNIS AN UILLT IN BISHOPBRIGGS IN MAY



Thèid Fèis Innis an Uillt a chumail air tri diofar làithean anns a' Cheitean; Disathairne 10mh, Disathairne 17mh is Disathairne 31mh. Bidh an Fhèis rud beag eadar-dhealaichte am-bliadhna le clasaichean ann an ceòl, iomain is ealain a' tachairt gach madainn is sgilean siorcais air an fheasgar! Tha Fèis Innis an Uillt fosgailte do dhuine sam bith agus chan fheadh Gàidhlig a bhith aig gach pàiste ged a bhios Gàidhlig ga cleachdadh aig an Fhèis fhèin.

SPRING WORKSHOPS IN HIGHLAND FÈISEAN

Spring has arrived and with it three Highland Fèisean are running music workshops for young people aged 8 to 18.

On Friday 28th March Fèis Farr just outside Inverness held their monthly workshop night in Farr Community Hall from 7.30 – 9pm.

These workshops offered taster sessions in traditional instruments such as fiddle, tin whistle, chanter, bodhran, Gaelic song and art. There was also a Fèis Bheag or 'Wee Fèis' for children under 8 and parents were welcome to take part too.

The next day Fèis Air an Oir in North Sutherland held a music day from 10am to 1pm in Melvich Primary School. A wide range of classes was on offer: fiddle, accordion, tin whistle, chanter, pipes, bodhran, guitar, mandolin, dancing, singing, drums and keyboard. The classes were open to everyone from beginner to advanced.

Meanwhile Fèis na h-Òige are also planning taster workshops ahead of their main Fèis which this year takes place from 7th to 11th July. These classes are taught through the medium of Gaelic and offer a chance to try new instruments: accordion and clàrsach are on offer on Saturday 26th April whilst guitar and keyboard are the choices for Saturday 26th May.

The classes are suitable for young people aged 8 to 18 but there will also be a Fèis Bheag on each occasion for children aged 5 to 7 offering a fun art, games and song session from 10am to 12noon.

Booking forms and more information on these events are available at www.feisean.org or contact Rachel on 014463 225559 or rachel@feisean.org.

Fèis Innis an Uillt will be taking place on three separate Saturdays in May (10th, 17th and 31st). The Fèis will take a slightly different format this year with music, shinty and art taking place in the morning with the afternoon given over to circus skills! Lots of fun to be had! Fèis Innis an Uillt is open to all and will be taught through a mixture of Gaelic and English. It is suitable for both fluent speakers and non-Gaelic speakers. Be sure not to miss out on the fun and phone Yvonne on 07913 663759 for more information!

FÈIS GHÀIDHLIG GHLASCHU

Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu gu bhith a' tachairt eadar 7mh agus 11mh den Ghiblean ann an Sgoil-gràmair Hutchesons ann an Glaschu. Tha measgachadh mòr de clasaichean gu bhith aig an Fhèis seo agus le cuspairean mar bhogsa-ciùil, fidheall, dràma, zumba, body percussion is eile, bidh rudeigin ann don a h-uile duine. Cuiribh post-d gu feisgg2014@yahoo.co.uk son barrachd fiosrachaidh.

This year's Fèis Ghàidhlig Ghlaschu takes place between the 7th and the 11th of April at Hutchesons Grammar School in Glasgow. There is a huge selection of classes on offer this year including the accordion, fiddle, drama, zumba, body percussion and more!

FÈIS LOCHABAIR SA GHIBLEAN

Bidh Fèis Lochabair a' tachairt ann am Bun-sgoil Banabhaidh agus le luchd-teagaisg cliùiteach, cèilidhean is consairtean, 's e seachdain air leth a bhios ann, làn de cheòl is fealla-dhà!

Tha Fèis Lochabair mothachail gur e àm duilich a tha seo don fheadhainn as sine a tha trang ag ullachadh airson an deuchainnean. Mar sin tha iad airson clasaichean còmhlain a chur air dòigh a h-uile feasgar dhaibh. 'S e deagh chothrom a tha seo an fhèis a fhrithealadh gun a bhith call a-mach air obair-sgoile.

Fèis Lochabair is taking place on the 7th – 11th of April in Banavie Primary School. For those intermediate to advanced level musicians busy revising for exams, Fèis Lochabair are offering daily afternoon groupwork sessions. This will provide a fantastic opportunity for them to enjoy the Fèis without taking too much time out from their studies! For more information please email feislochabair2014@hotmail.co.uk.

LAUREN BYRNE'S CÈILIDH TRAIL BLOG

Lauren Byrne blogged on her experiences on the Lochaber Cèilidh Trail during the summer of 2013.

"In the beginning, I was not entirely aware of what I was letting myself in for, what new world was about to be opened up for me to explore and enjoy. Forming a band of young folk, in such a way that the Cèilidh Trail does, allowed me to meet many new people as well as become better acquainted with those I already knew. By the end of it I found myself with five new best friends, with whom I felt I could connect in a previously unknown way, through the sharing of music.

The training week in Plockton, with tutoring from many talented and well-known faces, threw you right into the centre of it all surrounded only by dozens of passionate musicians, with the week culminating in a cèilidh for all Fèis Alba attendants as well as the locals.

Then the tour itself, which ranged from formal concerts to laid back pub sessions, gave us the opportunity to expose our talents to the public and present what great substance traditional music has to offer. The tour was also responsible for many great, craic-filled journeys and (sleepless) overnight stays, my personal favourites being the night in a hotel in Loch Lomond following a nerve-wracking concert alongside the highly acclaimed Karen Matheson of "Capercaillie". Then of course the infamous trip to the Isle of Muck, the ferry home being cancelled, leaving us having to hitch a lift from another tiny, tourist-filled boat. We decided to have a tune to pass the journey time — in order to get back to the mainland in time for our next gig. It's fair to say the tour kept us all busy throughout the summer and there are certainly a few in-jokes between the band and more than a few funny stories to be shared.

I was devastated when the Cèilidh Trail had to come to an end. However, the sadness was nothing in comparison to the sense of achievement, as well as so many other attributes I gained from it all. Being part of the Fèisean Lochabair Cèilidh Trail has opened up so many new doors for me and has completely steered my life in a different direction for the better. For one, it has inspired me to begin learning Gaelic, and I now intend to go on to study Gaelic and traditional music in further education. Thanks to the Cèilidh Trail, the potential of members of the band has been recognised and many of us are still kept busy even now, months afterwards, with various gigs steadily building ourselves a good reputation, which will hopefully lead us on to greater things in the future..."

NEW APPROACH TO GAELIC TEACHING IN HIGHLAND PRIMARY SCHOOLS

Tha clann-sgoile aig gach ceann den Ghàidhealtachd air toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh air Gàidhlig ionnsachadh tro phròiseactan air an libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal ann an co-bhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd.

Thairis air deich seachdainean, bidh sgoilearan ann an clasaichean 5-7 ann an seachd sgoiltean deug an Loch Abar, Dùthaich MhicAoidh agus Gallaibh air an oideachaidh ann an Gàidhlig tron t-seirbheis Fèisgoil. Bidh oidean a tha fileanta sa Ghàidhlig ga libhrigeadh, a' teagasg cànan agus a' cleachdadh chur-seachadan tarraingeach, geamannan, dràma is òrain airson sgilean còmhraidh bunaiteach ionnsachadh dhan òigridh.

Tha Fèisgoil a' cleachdadh oidean a tha eòlach air teagasg anns na roinnean neo-fhoirmeil agus foirmeil. Thairis air na bliadhnaichean, chaidh cuid mhath de dh'oidean a thrèanadh airson ceòl a theagasg anns na sgoiltean, mar eisimpleir le Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Tha Iomairt Chiùil na h-Òigridh air dearbhadh gum faod builean foghlaim matha a bhith air an coileanadh nuair a bhios co-obrachadh ann eadar tidsearan sa chlas agus oidean a tha a' libhrigeadh phrògraman obrach sònraichte a tha a' cur ri eòlas nan sgoilearan. A-rèir Fèisean nan Gàidheal, tha seo a' cheart cho fìor ann an teagasg cànan agus, leis gu bheil iad fileanta sa Ghàidhlig, tha oidean Fèisgoil air an trèanadh chun na h-aon ìre 's a tha tidsearan clas ann a bhith a' libhrigeadh GLPS, prògram na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean.

Pupils at two ends of the Highlands are being given the opportunity to begin learning Gaelic through two new Fèisgoil pilot projects delivered in schools by Fèisean nan Gàidheal in partnership with The Highland Council. Over a ten-week period, 17 schools in Lochaber, Sutherland and Caithness receive Gaelic language tuition through the Fèisgoil service. Pupils in primary 5-7 receive tuition from Gaelic-speaking tutors who visit the schools weekly and use a number of interactive activities, games and songs, to increase awareness and give basic conversational skills to the pupils.

Councillor Hamish Fraser, Chairperson of the Highland Council's Gaelic Implementation Group, welcomed the piloting of Fèisgoil services. He said: "Fèisgoil aims to introduce Gaelic to Primary school pupils; using resources which will be delivered by experienced tutors who have the necessary skills to work with the young people." He continued, "We are keen to give as many young people as possible an introduction to Gaelic and this project fulfils a commitment in the Council's Gaelic Language Plan."

Alasdair Allan, Minister for Learning and Scotland's Languages, said: "Fèisean nan Gàidheal tutors have had good results using games and songs to teach pupils Gaelic, challenging them to use the language in activities beyond the classroom. I look forward to hearing how well the staff and pupils at the seventeen schools taking part get on in this partnership between Fèisean nan Gàidheal and Highland Council."

Arthur Cormack, Fèisean nan Gàidheal Chief Executive, said: "Fèisean nan Gàidheal is delighted to be working in collaboration with The Highland Council on these pilot projects, with financial support from the Scottish Government. Fèisgoil is a new service that pulls together the various strands of education and community work Fèisean nan Gàidheal has been involved in and expansion of that work will include a new Gaelic teaching service. We believe Fèisgoil could offer a valuable service to local authorities as they embrace opportunities to support Gaelic education, Scottish Studies and the Scottish Government's proposals for the teaching of additional languages to all children in Scotland. The service also assists local authorities and public bodies deliver commitments in their Gaelic Language Plans."

Fèisgoil uses tutors acquainted with teaching in the informal and formal education sectors. Over the years, many tutors have been trained to teach music in schools through the Youth Music Initiative, for example. The Youth Music Initiative has proved that good quality educational outcomes can be achieved by co-operation between classroom teachers and tutors delivering specific programmes of work that enhance pupils' experiences. According to Fèisean nan Gàidheal, the same is true of language teaching and, since they are already fluent in Gaelic, Fèisgoil tutors are trained to a similar level as those teachers delivering the Gaelic Language in Primary Schools (GLPS) programme.

YOUTH MUSIC INITIATIVE

Schools in Highland are coming to the end of the YMI programme for session 2013-14. The programme of visits in most schools finishes at the Easter break due to a busy summer term. Once again the tutors involved have inspired and encouraged pupils in developing their creativity.

Eilidh Mackenzie used the song 'Daphne Cochrane' with pupils as a framework for making up their own song. One child decided to create a drawing of the class version.... Pink, with a monobrow, fishy lips, wooden legs, bingo wings etc.



SEIRBHEIS ÙR RO-SGOILE



Tha tè de na daoine as ainmeile ann an saoghal na Gàidhlig air a bhith tadhal air sgoiltean-àraich is cròileagain Loch Abar o chionn ghoirid is i a' cluich gheamannan le clann òga is a' toirt trèanadh seachad do luchd-teagaisg is tidsearan.

Tha Sineag Nic na Ceàrdaich, a bhuineas don Choingheal faisg air an Òban, air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri Dougie Beck is iad a' leasachadh seirbheis ùr ro-sgoile às dèidh dhaibh a bhith an làthair aig an Alltan (co-labhairt Stòrlann) san Dàmhair an-uiridh.

Mar a thuirt Sineag: "Bha e riamh mar amas dhomh a bhith ag obair còmhla ri clann, clann òga gu h-àraidh. Tha mi air mo dhòigh glan gu bheil an cothrom seo agam a-nise, is tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith cur seachad barrachd ùine air an rathad còmhla ri Dougie."

Tha Dougie ag aontachadh: "Tha Sineag, agus daoine coltach rithe, air leth feumail airson cànan na cloinne bige a thoirt air adhart. Tha cuid de dh'eòlaichean den bheachd gu bheil e deatamach gun cuir clann aig aois ro-sgoile co-dhiù beagan ùine seachad còmhla ri a leithid, oir tha e a' toirt cothrom dhaibh bacaidhean a chur bhuapa is cànan fheuchainn is obrachadh a-mach ann an suidheachadh nach eil idir eagalach.

A thuilleadh air an obair a tha mi a' dèanamh còmhla ri Sineag, tha mi air pasgan taice is stiùir a chur ri chèile do luchd-obrach nan sgoiltean-àraich, is tha bùth-obrach a' dol còmhla ris a' phasgan seo. Mar phàirt den bhùth-obrach seo, gheibh tidsearan is daoine eile taic is stiùir air mar a làimhsichear leithid Sineag agus cuideachd comhairle a thaobh dràma a ghabhas a dhèanamh le clann nan sgoiltean-àraich"

Tha an t-seirbheis ùr seo ga tabhann mar phàirt den iomairt ùr Fèisgoil. Nam biodh sibh airson 's gun tigeadh Dougie is Sineag a thadhal air a' bhuidheann agaibh, no ma tha sibh airson seisean CPD a chur air dòigh, cuiribh fios gu Dougie air dougie@fisean.org.

SGOIL SHAMHRAIDH DRÀMA 2014 ANN AM PORT RÌGH

Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014
Gaelic Drama Summer School 2014
PORT RÌGH | PORTREE · 07.07.14 - 18.07.14

aols 14 gu 18 agus Gàidhlig agad?
aged 14 to 18 and speak Gaelic?

ùidh agad ann an dràma?
Interested in drama?

airson do chuid sgilean a leasachadh?
want to develop your skills?

Bho 2009, tha feisean air ceòl cleasaiche air a bhith an sàs ann an aon sgoil dhràma do dhaoine eòlaiche le Gàidhlig ... siuthad - cuir a-staigh air a ion an-diugh!
Since 2009, close to 100 actors have been involved in the only drama school for young people with Gaelic. On you go ... apply today!

tadhail air | visit
www.feisean.org/ssd

Ma 's e 'Tha!' freagairt gach ceist gu h-àrd, siuthad! Cuiribh iartras a-steach an-diugh fhèin gus àite fhaighinn aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014.

Thèid Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna a chumail ann am Port Rìgh rè làithean-saora nan sgoiltean eadar Diluain 7 Iuchar agus Dihaoine 18 Iuchar 2014.

Gheibhear foirm-tagraidh air-loidhne airson SSD2014 agus tuilleadh fiosrachaidh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd

Bu chòir tagraidhean a bhith a-staigh againn ro Dihaoine 4 Giblean 2014 ach gabhaidh sinn ri tagraidhean às dèidh seo ma bhios àiteachan air fhàgail.

Ma tha ceistean agad mu SSD2014, cuir fios gu Oifigeir Dràma Fèisean nan Gàidheal Dougie Beck le post-d no fòn thuige air 01397 704132.

TRÈANADH LUCHD-TEAGAISG NAM FÈISEAN

Air 22 An Gearran, thàinig luchd-teagaisg nam fèisean còmhla aig Sabhal Mòr Ostaig airson trèanadh aig trì diofar irean, a' còmhachadh A' Deasachadh airson do chiad chlas, Dìon-chloinne, Gàidhlig agus na Fèisean, Dòighean teagaisg, Òrain Ghàidhlig agus Fèin-mheasadh do luchd-teagaisg.

Bha 13 compàirtichean ann am-bliadhna, a thàinig à iomadh fèis agus ceàrnaidh den dùthaich airson dà latha slàn còmhla ri Val Bryan agus Andy Thorburn, am measg oidean eile.

A bharrachd air obair chlas, bha cothrom aig an luchd-teagaisg obair phragtaigeach a dhèanamh air an dàrna latha, agus bha seisean-ciùil aca Oidhche Shathairne san t-seann Talla Mhòr.



MEALAI BH UR NAIDHEACHD

Congratulations and best wishes go to our Gaelic Drama Officer Angus MacLeod and his wife Angela on the birth of their daughter Eva Grace on 6 February 2014.

BUILL A' BHÙIRD

Tha còighear bhall ùr air bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal. Chuir sinn fàilte air Seumas Caimbeul (Fèis Fhoirt); Raibeart MacFhionghuin (Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar); Elizabeth Bain (Fèis Cheann Loch Goibhle); Deirdre Beck (Fèis Lochabair) agus Cairistiona Ghreumach (Fèis an Earraich).

Following the recent recruitment, five new board members were appointed to Fèisean nan Gàidheal's board. They are: Seumas Campbell (Fèis Fhoirt); Bob MacKinnon (Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar); Elizabeth Bain (Fèis Cheann Loch Goibhle); Deirdre Beck (Fèis Lochabair) and Kirsteen Graham (Fèis an Earraich).

Duncan MacQuarrie has taken up the role of interim Chairperson.

Retiring directors were Catriona MacIntyre, Maggie Cameron, Bernard Bell, Fiona Johnston and Janet MacDonald. We thank them for their commitment and all the support they gave to the organisation.



Buill a tha gar fàgail am-bliadhna

AGM & CONFERENCE 2014

Bidh Coinneamh Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal ga cumail ann an Taigh-òsta Golf View, Inbhir Narainn air 26 agus 27 Sultain 2014.

'S e cothrom a tha seo do riochdairean bho na Fèisean a bhith cruinn còmhla agus cùisean co-cheangailte ri obair nam Fèisean a dheasbad. Dèanaibh cinnteach gum bi sibh ann!

The Annual General Meeting of Fèisean nan Gàidheal will be held in the Golf View Hotel, Nairn on 26 and 27 September 2014.

This is a great opportunity to meet up with other Fèisean and discuss their work. Make sure you put the date in your diary!

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org